



Tìotal: Feise: Cìamar a bhios daoine ri feise/Dè bhios iad a' dèanamh?

Ìre: DÀRNA

Links Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' faighinn barrachd tuigse air bodhaig dhaoine agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh gus mo shunnd agus mo shlàinte a chumail suas agus piseach a thoirt orra. HWB 2-15a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mar tha beatha duine a' tòiseachadh agus mar a tha naoidhean ga bhreith. HWB 2-50a</p>	<ul style="list-style-type: none"> A' toirt iomradh air gineadh dhaoine agus breith, mar eisimpleir, feise, ugh agus sìol, breith.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun tèid a' chlann thairis air na dh'ionnsaich iad mu na bodhaigean aca, a' gabhail a-steach buill-gineamhainn/feise.
- Gun tèid a' chlann thairis air na dh'ionnsaich iad mu inbhidheachd agus mu atharrachaidhean fiosaigeach agus faireachail.
- Gum faigh a' chlann fiosrachadh bhunaiteach mu bhith ri feise. Tha seo a' cur taic ri ionnsachadh RSHP.
- Tha an obair seo a' dèiligeadh ri feise mar phàirt de dhàimhean eadar inbhich, dàimhean sa bheil coibhneas, gaol agus dlùth-eòlas.
- Tha an leasan seo a' ceartachadh na tha clann dhen aois seo air ionnsachadh bho na meadhanan mu fheise, a' gabhail a-steach pòrnografaidh.
- Tha aois aonta air a thoirt a-steach.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh pàirtean prìobhaideach mo bhodhaig ainmeachadh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air na h-atharrachaidhean fiosaigeach agus faireachail a thig an cois inbhidheachd.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha an lùib feise.
- Tha mi a' tuigsinn gur e rud a th' ann am feise a bhios inbhich a' dèanamh ann an dàimh.

NÒT: Bu chòir dhuibh a bhith air an leasan **Mo Bhodhaig** a dhèanamh ron leasan seo. Tha sin a' dèiligeadh ris na h-ainmean airson nam pàirtean bodhaig agus ri inbhidheachd. Tha cothrom san leasan seo airson a dhol thairis air an obair sin air inbhidheachd agus atharrachaidhean bodhaig. Bhiodh e cuideachd a' cur taic ri ionnsachadh nan dèanadh sibh e ro, no an cois, **Mar a bhios beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith**. Ma tha sibh gan libhrigeadh còmhla, dh'fhaodte nach bi feum air ruith thairis air inbhidheachd san dà leasan. 'S dòcha gum faighnich cuid den chloinn ceistean gu math dìreach. Faodaidh na FAQs san appendix a bhith gu math feumail an seo. 'S dòcha gum bi cuid den chloinn a' smaoinneachadh gum feum thu bhith pòsta airson a bhith ri feise. Faodaidh sibh dèiligeadh ris an seo tro chòmhradh.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Pàipear agus pinn air an sgrìobh clann ceistean sam bith agus bogsa san tèid na ceistean

Bidh e na thaic do ionnsachadh ma tha na leabhraichean seo agaibh sa chlas:

- *Usborne Facts of Life Growing Up: All about adolescence, body changes and sex* ISBN 0-7460-3142-4
- *Let's Talk about Sex: Growing up, Changing Bodies, Sex and Sexual Health* le Robie H. Harris (Walker Books ISBN 978-1-84428-174-9) Cuideachd air fhoillseachadh leis an ainm *It's Perfectly Normal: Changing Bodies, growing up, Sex and Sexual Health* (ISBN 978-0-763-62610-5)

Obair

1. Bidh ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla. Tòisich an leasan mar seo: Inns gu bheil sinn an-diugh gu bhith a' bruidhinn air mar a bhios daoine ri feise, gu bheil seo na phàirt cudromach den ionnsachadh againn air slàinte 's sunnd airson 's gun tuig sinn na bodhaigean againn fhìn, agus do dh'inbhidh, gum faod feise a bhith na phàirt de dhàimh ri cuideigin a tha iad measail air. Can riutha gum faod cuid de dhaoine a bhith a' faireachdainn nàire, no gum bi iad a' gàireachdainn, mun chusapir agus gu bheil seo ceart gu leòr. An-diugh, ge-tà gheibh sinn tuilleadh fiosrachaidh agus nì sinn cinnteach gu bheil a h-uile duine a' tuigsinn mu feise.
2. **A' ruith thairis – pàirtean bodhaig:** Tòisich an còmhradh le bhith ag ràdh gu bheil e cuideachail cuimhne a bhith againn air ainmean nam pàirtean bodhaig. Tha sinn air bruidhinn mun seo mar-thà. Seall an slaighd le diagraman a' bhoireannaich agus an fhireannaich le leubailean nan ainmean bodhaig orra, agus theirig thairis air na h-ainmean còmhla ris a' chloinn. Gabh ris (mar a rinn thu mar-thà) gum faod a' chlann a bhith a' cleachdadh faclan eile airson pàirtean prìobhaideach nam bodhaigean aca agus sa chlas gum feum sinn feuchainn ris na facan sin a chleachdadh.
3. **Ruith thairis air inbhidheachd:** Cuir an cuimhne na cloinne gum bi na bodhaigean aca ag atharrachadh nuair a tha iad a' fàs agus a' dol tro inbhidheachd. Seall an slaighd agus broснаich còmhradh (ri caraaid rin taobh an toiseach) mu na tha cuimhne aca air:

Inbhidheachd: Dè bhios a' tachairt do... Gruag/Falt/Craiceann/Cruth bodhaig/
Cìochan/Broilleach/Guthan/Fàileadh

Bu chòir gum bi cuimhne aig a' chloinn, ach ma tha feum air thoir dhaibh proimt le fiosrachadh gum bi a' phit, am bod/magairlean agus pàirtean eile dhe na bodhaigean aca ag atharrachadh nuair a bhios daoine a' dol tro inbhidheachd. Cuir cuideam air a' phuing gu bheil gach bod, pit, cìochan agus bodhaig eadar-dhealaichte agus gu bheil sin ceart gu leòr. Cuir an cuimhne na cloinne ma tha ceist aca, no iomagain orra, mu fhàs agus mu atharrachaidhean bodhaig gum faod iad bruidhinn riutsa no ri inbheach earbsach.

4. Tha an ath shlaighd cuideachd a' faighneachd: **Nuair a bhios sinn a' dol tro inbhidheachd, dè bhios a' tachairt dha na faireachdainnean againn?**

Faighnich: *A bheil cuimhne agaibh nuair a bhruidhinn sinn mar a bhios faireachdainnean ag atharrachadh rè inbhidheachd? Iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraaid rin taobh airson coimhead air ais air a' chòmhradh agus na dh'ionnsaich iad, tillibh còmhla airson fios air ais . dè dh'ionnsaich sinn?* Theirig thairis air na puingeann seo a-rithist:

- Faodaidh faireachdainnean a bhith gu math làidir agus faodaidh iad atharrachadh gu luath.
- Bidh nòiseanan aig daoine air daoine eile.
- Nuair a bhios iad nas sine, bidh bràmairean aig feadhainn de dhaoine.

- Inns dhaibh nuair a dh'fhàsas iad, nuair a tha iad nan inbhich, gur dòcha gun gabh iad gaol air cuideigin. Cleachd an slaighd/faighnich: **Ciamar a bhios neach a' sealltainn gaol do neach eile?** ('S dòcha gun tog a' chlann air na dh'ionnsaich iad ann an **2.3 Dàimhean Romansach agus gaoil** ma rinn iad seo) iarr orra bruidhinn ri caraaid rin taobh agus an uair sin fios a thoirt air ais. Mar a tha a' chlann a' freagairt, theirig air ais thairis air na h-eisimpleirean aca (mura h-eil iad a' cleachdadh nam faclan seo mar-thà) a' gabhail ris gum faodar smaoineachadh air na tha iad a' moladh mar **a bhith còir no cùramach no earbsach**. 'S dòcha gu bheil sibh air a bhith a' leughadh leabhar no a' cleachdadh stuth eile sa chlas far am biodh e cuideachail cnuasachd a dhèanamh air dàimhean gaoil.
- Can riutha: Nuair a tha earbsa aig inbhich ann an càch a chèile, agus gaol no meas mòr aca air a chèile, 's dòcha gum bi iad airson a bhith ri feise. 'S e rud a th' ann am feise a bhios inbhich a' dèanamh. Cleachd na slaighdean/ leugh puing mu seach agus dèan cinnteach à tuigse, a' brosnachadh cheistean no bheachdan.

Dè th' ann am feise?

- 'S e rud a th' ann am feise a bhios inbhich a' dèanamh nuair a tha gaol aca air a chèile no a tha iad measail air a chèile.
 - Feumaidh tu a bhith 16 no nas sine airson a bhith ri feise.
 - Nuair a tha cupall ag iarraidh a bhith ri feise, thèid iad gu àite prìobhaideach, me, an rùm-cadail aca. Bidh iad a' pògadh, a' cùdail agus a' suathadh bhodhaigean a chèile. Bidh iad a' suathadh pàirtean prìobhaideach a chèile.
 - Nuair a tha an dithis ann an cupall fireann, canaidh sinn gu bheil iad gèidh. Nuair a tha dithis ann an cupall boireann, canaidh sinn gu bheil iad gèidh no leisbeach.
 - Bu chòir do fheise faireachdainn math. Bidh inbhich ag ionnsachadh dè tha a' còrdadh riutha agus dè nach eil.
 - Nuair a tha fireannach a' faireachdainn mar gu bheil e ag iarraidh a bhith ri feise ri chèile, fàsaidh am bod aige cruaidh. Canaidh sinn seasamh-buid ris an seo (no èirigh).
 - Nuair a tha boireannach a' faireachdainn mar gu bheil i ag iarraidh a bhith ri feise ri chèile, 's dòcha gum bi dèireach sa phit agus san fhaighean aice agus gum bi iad sleamhainn agus fliuch nuair a thèid suathadh annta.
 - Ma tha fireannach agus boireannach ri feise, agus gu bheil an dithis aca airson a dhèanamh, faodaidh am fireannach a bhod a chur a-steach ann am faighean a' bhoireannaich agus a ghluasad a-mach agus a-steach air a shocair. Bu chòir dhan seo a bhith a' faireachdainn math dhan dithis aca.
 - Nuair a bhios daoine ri feise, 's dòcha gum bi orgasm aca. Do bhoireannach 's e faireachdainn tlachdmhor a tha seo na bodhaig. Do fhireannach, ma bhios orgasm aige no sìolachadh) bidh lionn geal a' tighinn às a' bhod chruaidh aige. Còrdaidh am faireachdainn seo ris.
 - Ma bhios orgasm aig fireannach (sìolachadh) agus a' bhod am broinn faighean boireannaich, 's dòcha gun tachair an sìol ris an ugh. 'S e seo an dòigh anns am faod boireannach fàs trom le pàiste.
- 7. Carson a bhios daoine ri feise?** Faighnich dhan chloinn: *Mar sin, 's e seo feise, carson a tha sibh a' smaoineachadh a bhios inbhich ri feise?* Ma tha prompt a dhìth: 'S dòcha gum bi cuid de dhaoine ri

feise airson a bhith nas dlùithe ri chèile, airson gaol a shealltainn do chàch a chèile no bhon a tha e a' faireachdainn math. Faodaidh fireannach agus boireannach a bhith ri feise airson bèibidh a dhèanamh.

8. **Ceistean sam bith?** Cuir crìoch le bhith ag aideachadh gum faod e bhith gu bheil tuilleadh cheistean aig a' chloinn. A bheil gin aca an-dràsta? Cuir air dòigh "Bogsa nan ceistean" agus inns dhaibh gu bheil e ann 's ma tha ceist aig a' chloinn mu leasan an latha an-diugh gum faod iad a sgrìobhadh air pìos pàipeir agus leughaidh tu a-rithist i. Ma tha iad airson, faodaidh iad an ainm a chur ris, ach chan fheum iad idir. (Faodaidh tu leantainn air an seo còmhla ris a' chlas gu lèir no còmhla ris a' phàiste iad fhèin ma thug iad seachad an ainm.) Tha freagairt nan ceistean bhon bhogsa, fiù 's ged a bhiodh sibh air an cuspair a dhèanamh sa chlas mar-thà a' toirt cothrom air prìomh phuingean a dhaingneachadh agus sealltainn gu bheil ùidh agad ann an ceistean na cloinne.
9. Ma tha leabhraichean agaibh bhon liosta, leughaidh iad sa chlas. Seall iad dhan chloinn agus broснаich iad gus an leughadh sa chlas.

Ceangal ris an dachaigh

Faodaidh sibh an teacsa gu h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair sa bhloc ionnsachaidh seo.

Mar phàirt dhen ionnsachadh againn air dàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd, bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh air feise. Aig an aois seo bidh iongnadh tric air clan. 'S dòcha gum faca iad no gun cuala iad rudan a tha a' ciallachadh gu bheil ceistean aca. Tha sinn airson deagh fhiosrachadh bhunaiteach a thoirt dhan chloinn. Brosnaichidh an leasan seo a' chlann gus tuigsinn gum bu chòir do dhàimhean feise inbhich a bhith stèidhichte air earbsa, gaol, aonta agus dlùth-eòlas. Ann an leasan eile bidh a' chlann ag ionnsachadh mu thoiseach beatha neach – bho ghineadh, tro leatromachd, gu breith. Bidh cothrom aig a' chloinn ceistean fhaighneachd sa chlas, a bharrachd air bogsa cheistean airson ceistean sam bith a tha iad fhèin airson a chur. Tha fiosrachadh feumail do chlann dhen aois seo mun atharrachadh sna bodhaigean aca, feise agus dàimhean sna leabhraichean gu h-ìosal, agus 's dòcha gun cuidich iad le ionnsachadh san dachaigh:

- *Usborne Facts of Life Growing Up: All about adolescence, body changes and sex* ISBN 0-7460-3142-4
- *Let's Talk about Sex: Growing up, Changing Bodies, Sex and Sexual Health* le Robie H. Harris (Walker Books ISBN 978-1-84428-174-9) cuideachd ri fhaighinn leis an tìotal *It's Perfectly Normal: Changing Bodies, growing up, Sex and Sexual Health* (ISBN 978-0-763-62610-5)

Nòtaichean Tidseir

Ceistean cumanta agus freagairtean

Seo feadhainn de na ceistean a dh'fhaighnicheas sgoilearan 's dòcha. Cuimhnich gu bheil e ceart gu leòr a ràdh nach eil thu cinnteach à freagairt, ach gun smaoinich thu mu dheidhinn agus gum freagair thu a-rithist. San t-suidheachadh seo 's dòcha gum bi thu airson bruidhinn ris a' phàiste leotha fhèin. Chan eil annta seo ach molaidhean airson ceistean cumanta agus freagairtean. Mar thidsear/neach-foghlaim bidh thu eòlach air a' chloinn agus 's urrainn dhut freagairt ann an dòigh a thuigeas iad.

Q: Ciamar a bhios fios aig boireannach gu bheil i trom?

A: Faodaidh boireannach deuchainn a chleachdadh, no faodaidh i a dhol chun an dotair agus deuchainn fhaighinn an sin.

Q: Ciamar a bhios dithis bhoireannach (leisbich) ri feise? Ciamar a bhios dithis fhireannach (fir ghèidh) ri feise?

A: Tha diofar dhòighean feise aig daoine, ach dìreach mar a th' ann le fireannach agus boireannach, faodaidh feise a bhith a' gabhail a-steach pògadh agus suathadh bhodhaigean agus pàirtean priobhaideach (bod agus pit) càch a chèile.

Q: Am feum bèibidhean a bhith agad?

A: Chan fheum clann a bhith agad mura h-eil thu airson gum bi.

Q: An urrainn dhut a bhith ri feise mura h-eil thu ag iarraidh bèibidh?

A: 'S urrainn. 'S urrainn dhut casg-gin no condoman a chleachdadh. Ionnsaichidh tu tuilleadh mun seo ann an leasan eile.

Q: An urrainn do bhèibidhean a bhith aig seann daoine?

A: Nuair a ruigeas boireannach aois àraid, bidh sileadh mìosail a' stad. Cha bhi i air chomas bèibidh a bhith aice tuilleadh – canaidh sinn *menopause* ris an seo.

Q: Dè th' ann an casg-breith?

A: Ma tha boireannach trom le pàiste agus gun i airson a bhith, faodadh i casg-breith fhaighinn. Bheir dotair no nurs dhi cungaidh a chuireas às do leatromachd.

Q: Am bi seasamhan boid aig nigheanan?

A: Cha bhi seasamhan buid aig nigheanan bhon nach eil bod aca.

Q: A bheil feise goirt?

A: Cha bu chòir do fheise a bhith goirt. Bu chòir do fheise faireachdainn math.

Q: Dè th' ann an òigh (virgin)?

A: Neach nach robh ri feise fhathast.

Q: A bheil feise sgreabhail?

A: Tha feise na phàirt àbhaisteach agus nàdarra de dhàimh nuair a tha thu nad inbheach. Chan eil feise sgreabhail.

Q: An robh thusa riamh ri feise?

A: Tha cuid de rudan gu math priobhaideach do dhaoine. 'S e rud priobhaideach a th' ann am feise, agus chan eil e ceart a' cheist seo a chur air neach.

Q: An urrainn do bhèibidh a bhith aig dithis fhireannach? An urrainn do bhèibidh a bhith aig dithis bhoireannach?

A: Chan urrainn do dhithis fhireannach no dithis bhoireannach bèibidh a dhèanamh. Ach faodaidh iad bèibidh uchd-mhacachadh agus 's urrainn dhaibh a bhith a cheart cho math air bèibidh a thogail. Bidh sinn a' bruidhinn air agus ag ionnsachadh tuilleadh mu mar a tha bèibidhean air an dèanamh ann an leasan eile.

Q: Dè th' ann am pòrn/pòrnografaidh?

A: 'S e giorrachadh de pòrnografaidh a th' anns amn fhacal pòrn. 'S e dealbhan no ìomhaighean feiseil a th' ann am pòrn. Feumaidh tu a bhith 18 airson coimhead air pòrnografaidh. Ma chì thu rud sam bith mu fheise a tha gad fhàgail troimh-a-chèile, faodaidh tu bruidhinn riumsa.

Q: Dè th' ann an èigheachadh?

A: Tha èigheachadh a' ciallachadh nach tug neach seachad cead airson a bhith ri feise, ach gu bheil neach eil a' toirt orra a bhith ri feise no rudan feiseil eile a dhèanamh an aghaidh an toil. Tha seo an aghaidh an lagh.